

AINM: CLAS:

Ìre 4-7 Fìleantaich

Seòras

le Iain Moireach



Faclair

Leugh an sgeulachd. Coimhead air na faclan/abairtean air an taobh chli agus lorg a' chiall as fhaisge anns an liosta air an taobh dheas:

èigneachadh	nimheil
abhsadh	dàn
guineach	ceanglaichean
lainnireach	dèideag a chuireas pàiste mun cuairt
freastal	a' toirt air
lobhadh	deàlrach
tòtoman	lasaich
bannan	grodadh

Ceistean

1. Dè cho soirbheachail is a bha Seòras anns an sgoil? Thoir adhbharan seachad airson do bheachd.
2. Saoil carson a bha e greis a' coimhead airson obair nuair a dh'fhàg e an sgoil?
3. Carson a tha an earrann Bheurla "Cosy Nook Restaurant, Best Italian Ices, Carrying Out Welcome" a' seasamh a-mach dhan leughadair? Dè tha an sgrìobhadair a' feuchainn ri dhèanamh an seo?
4. Seall cho riarachtaichte agus a bha Seòras leis an obair a fhuair e.

5. Seall mar a dhèilig Guaderini ris a' chaillich a ghearain mun iasg.
6. Nuair a thòisich Guaderini air trod ri Seòras mun t-suidheachadh, carson a thug seo na chuimhne a làithean sgoile a-rithist?



7. Carson a tha an t-ùghdar a' cur "Sir" a-staigh aig deireadh seantans far a bheil Seòras a' bruidhinn ri Guaderini?
8. Dè seòrsa duine a tha ann an Victor Guaderini? Cuir taic ri do bheachd.
9. Dè na h-atharrachaidhean a thàinig air an àite nuair a thàinig Guaderini ùr an àite Guaderini eile?
10. Ciamar a dh'fhàg Guaderini soraidh slàn aig Seòras an latha a dh'fhàg e obair?
11. Dè an obair ùr a fhuair Seòras bho Ghuaderini?
12. Seall mar a bha Seòras agus Jesus Saves a' faighinn air adhart còmhla.
13. Smaoinich air caractar Sheòrais anns an sgeulachd. Dè seòrsa duine a tha ann? Ciamar a tha an t-ùghdar air dèiligeadh ris a' caractar agus dè am beachd a th' aig an leughadair air?

A' sgrìobhadh mu litreachas

Tha an sgeulachd èibhinn, ach tha i duilich aig an aon àm nuair a thuigeas sinn na rinn Seòras le bheatha. Sgrìobh lèirmheas air an stòiridh ag innse dè tha tarraingeach mun dòigh sgrìobhaidh seo, agus ciamar a tha an t-ùghdar a' toirt oirnn a bhith a' faireachdainn duilich airson Seòras, ged nach eil an coltas air Seòras gu bheil esan a' faireachdainn nach d' fhuair e spèis no urram na bheatha idir.

Smaoinich cuideachd air an stoidhle àraid a tha aig an ùghdar ann a bhith a' mìneachadh rudan dhan leughadair – mar eisimpleir: am beachd a bha aig teaghlach Ghuaderini air Seòras, na h-atharrachaidhean a thàinig air an àite nuair a thòisich Guaderini òg, agus cho deònach agus a bha Seòras daoine eile a riarachadh. An do chòrd an sgeulachd riut? Dè cho soirbheachail 's a bha an t-ùghdar ann a bhith a' cur an stòiridh ri chèile? A bheil teachdaireachd anns an stòiridh dhuinn uile? Minich dè an teachdaireachd a tha seo.

Sgrìobh sgeulachd fon tiotal a leanas. 'S dòcha gum biodh tu airson am frèam sgrìobhaidh gu h-ìseal a chleachdadh. Dh'fhaodadh na faclan sna bogsaichean a bhith gu feum dhut.

Sgrìobhadh cruthachail

An obair a bhios agam an ceann deich bliadhna

Earrann 1 Fios air dè na rudan air a bheil thu math agus dè na rudan sa bheil ùidh agad. Beachdan air na rudan air nach eil thu cho math, agus carson. Cùm am pìos seo aotrom – feuch gum bi na rudan air a bheil thu measail agus na rudan nach toigh leat gu tur eadar-dhealaichte bho chèile.

Is fìor thoigh leam..., tha mi measail air..., tha ùidh mhòr agam ann a..., bu mhiann leam..., tha gràin agam air..., cha d' fhiach..., chan eil ùidh air thalamh agam ann a..., is lugha orm...

Earrann 2 Smaoinich air obair a bhiodh math. Dè an obair a th' ann? Carson a bhiodh i math? Càit a bheil an obair air a stèidheachadh? Carson? Dè tha thu a' dèanamh gach latha? Cò ris a tha an t-airgead coltach? Cò ris a tha an luchd-obrach eile coltach? Dè seòrsa dòigh-beatha a th' agad a-nise? Faodaidh tu an earrann a thòiseachadh le fear de na leanas:

- Ach seall orm an-diugh...
- Cha chreid sibh dè tha mi ris an-diugh...
- Fad mo bheatha, bha mi airson a bhith nam...
- Nuair a dh'fhàg mi an sgoil, chuir mi romham a dhol...
- Taobh thall an t-saoghail, tha gnothaichean air obrachadh a-mach gu snog dhomh...
- A dh'aindeoin cho doirbh 's a bha e dhomh...

tuarastal ceum	an t-airgead a nì thu bho d' obair sa bhliadhna
soirbheachail	cùrsa a dhèanadh tu san oilthigh
riaraichte	a' dol gu math toilichte, sàsaichte
beartach	le tòrr airgid
gun sgillinn ruadh	glè bhochd

Earrann 3

Cuir crìoch air a' phios le bhith a' beachdachadh air dè tha romhad airson an còrr dhe do bheatha. An do shaoil thu riamh gur e seo a' bheatha a bhiodh agad? Am bi thu ris an obair a tha seo airson an còrr dhe do bheatha? A bheil thu riarachta leis a' bheatha a th' agad?



Agus nuair a dhearcadh iad air bratach Sheòrais, cha robh fios nach dèanadh grunnan dhiubh air an Ristorante. Bha Seòras an dòchas gun deigheadh iad ann co-dhiù agus e a' faighinn tlachd às a bhith gan tàladh ann.